

Cuairt-litir na Seirbheis Dualchais – Iris Covid-19

An t-Ògmhios 2020

Cha d' rug fear na caithris riamh air fear na moch-thràth

Tro àm lockdown fhad's a tha gach taigh-tasgaidh agus ionad luchd-tadhail a' fulang dùbhlain a thaobh maoin, bu mhath leinn na [Comainn Eachdraidh](#) agus Taighean-tasgaidh neo-eisimeileach a bhrosnachadh gus iarrtasan a chur gur [Tabhartasan Dualchais](#). Chan fheum na tabhartasan maoin co-ionnan agus tha am foirm-iarrtais agus notaichean [stiùiridh](#) rin lorg air-loidhne.

Ann an 2020-21, ri linn èiginn Covid-19, bidh dà chothrom maoin eachaidh ann: Tha **A' chiad chothrom** fosgailte gu 4 An t-Iuchair 2020 airson na tabhartasan a leanas: Ballrachd Chomainn Eachdraidh, Taigh-tasgaidh Creideasaidhte agus Duais Two Star plus Visit Scotland. Fosglaidh **An Dàrna Cothrom**, airson Tabhartasan airson Uidheam, san Lùnastal, ma tha airgead thabhartasan air fhàgail againn an dèidh a' chiad chothrom.

Seo na prìomh mholaidhean againn airson iarrtas tabhartais soirbheachail:

- Leugh an [stiùireadh](#) mus lion thu am foirm iarrtais.
- Dèan cinnteach gu bheil am foirm agad air a lìonadh ceart agus gu bheil thu air d' ainm agus an deit a chur ris an dearbhadh.
- Dèan cinnteach gu bheil pàipearan taic riatanach an là an-diugh còmhla ris.
- Cuir brath thugainn ma tha ceistean agad.
- Chan eil againn ach suim cuingealaichte airson Tabhartasan Dualchais 's le sin dèan d' iarrtas tràth.

Pròiseact Cruinneachadh Gibson

Tro lockdown Covid-19 tha luchd-obrach an taigh-tasgaidh agus an tasglainn air cothrom a ghabhail airson cruinneachadh inntinneach de litrichean a chur ann an cruth didseatach agus tar-sgrìobhadh dhiubh fhoillseachadh [air-loidhne](#).

Chaidh Cruinneachadh Uilleam Iain Gibson a thoirt mar thiodhlac dha Museum nan Eilean le neach-cùraim tiomnaidh na Mnà-uasail Sine Urchadan (nee Sine Gibson). B' ise an nighean aig U.I. Gibson, Ceannard Sgoil MhicNeacail bho 1894 gu 1925. Tha mòran sa chruinneachadh a tha inntinneach a thaobh eachdraidh ionadail, eachdraidh shòisealta agus eachdraidh foghlaim ann an Steòrnabhagh agus Leòdhas.

Anns an Dàmhair 1916 dh' dhàg Sine Gibson a dachaidh airson a dhol gu Oilthigh Obar Dheathain. Thairis air an ath dheich bliadhna sgrìobh Mgr agus a' Bhean-phòsta Gibson gu 'She-ann', (am far-ainm gaolach a bh' aca air an nighean aca), dha na thrì uairean san t-seachdain. Tha na [litrichean](#) a' toirt dhuinn sealladh tarraingeach air beatha ann an Steòrnabhagh agus Leòdhas aig an àm seo.

Tha sinn air [duilleag-lìn](#) pròiseact a chur air dòigh far am faighear làn chatalog dhen chruinneachadh.

Spùinneadairean a' gabhail thairis nam meadhanan-sòisealta.

On a thòisich am pròiseact san Fhaoilleach 2020 agus ron lockdown bha Shona, ar n-Oifigear Pròiseact Dualchas na Mara air tadhal air ceithir sgoiltean, a' libhrigeadh seachd

seiseanan le 279 sgoilear mu [Chlann-nighean a' Sgadain](#). Tro lockdown tha Shona air a bhith a' cruthachadh stuthan inntinneach air-loidhne co-cheangailte ri cuspairean marail dhar meadhanan-sòisealta. Nam measg bha teachdaireachdan mu [nithean marail](#), sgeulachdan mu spùinneadairean, cur-seachad '[mar a nì thu taigh-sholais](#)' agus teagasg [faclan co-cheangailte ris a' mhuir](#). Tha iad seo uile rim faighinn a-nis tro ar [Facebook](#), [Twitter](#), [Instagram](#) agus [Sianailean YouTube](#). Chaidh am pròiseact seo a mhaoineachadh le Bòrd na Gàidhlig agus Taighean-tasgaidh Gailearaidhean Alba.

Hebridean Connections air a dhol craicte mu chait

'S e aon de na rudan as fheàrr mu [Hebridean Connections](#), an tasglann air-loidhne de dh' eachdraidh is cultar nan Eilean Siar, gur e tasglann didseatach a th' ann cheana. Tha seo a' ciallachadh nach tug Covid-19 cus buaidh air ruigsinneachd is cumail suas na làraich. Chaidh aig sgioba Hebridean Connections, Tina agus Caroline, air gluasad gun cus strì bhon àite-obrach aca aig Museum nan Eilean gu deasgaichean aig an dachaidhean, agus tha iad fhathast a' cumail ceangail ris an luchd-obrach saor-thoileach aig na [Comainn Eachdraidh](#). 'S iadsan a tha a' toirt thugainn na sgeulachdan iongantach agus am fiosrachadh deatamach a tha air a chleachdadh le luchd-rannsachaidh air feadh an t-saoghail. A dh' innse na firinn, tha ceistean bho shlòinntearan a tha a' cleachdadh ùine lockdown airson rannsachadh a dhèanamh air eachdraidhean an teaghlaichean, air a dhol am meud.

Fhuair fiùs am frithealaiche-lìn air a bheil an stòr-data aig Hebridean Connections ùrachadh, a' ciallachadh gu bheil an siostam a-nise seasmhach agus bunailteach dhan luchd-obrach saor-thoileach againn agus dhan mhòr-shluagh. Tha obair bhon dachaidh a' ciallachadh gu bheil Tina agus Caroline a' faighinn taic le bhith a' sgrùdadh data, taing do na cait aca [Mhorven, Stan agus Rebus](#).

Cruinneachaidhean Foillsichte

Tha Covid-19 air a h-uile duine a chur troimh-a-chèile ann an diofar dhòighean agus tha e air atharrachadh mòr a thoirt air ar dòighean-obrach. B' e ceum duilich ach riatanach a bh' ann ar dorsan a dhùnadh dhan mhòr-shluagh. Ach aon rud buannachdail a thàinig mar thoradh air seo, 's e gu bheil barrachd ùine againn uile airson obair a dhèanamh air na cruinneachaidhean. Tha an dòigh-obrach ùr rè lockdown air cothrom a thoirt dha Ashley tòiseachadh a-rithist ag obair air clàr-seilbhe nan cruinneachaidhean a th' ann an stòr an taigh-tasgaidh ann an Steòrnabhagh. Tha seo a' gabhail a-steach catalog a chruthachadh, dealbhan a thogail agus nithean a thasgadh as ùr, a bharrachd air dèanamh cinnteach gu bheil iad far am bu chòir dhaibh a bhith. Tha a' dol againn air toradh cuid dhen obair seo a shealltainn air ar duilleag [Facebook](#) agus an urrainn dhuinn pàirtean gun choimeas de ar cruinneachaidhean - mar [aodaichean](#) agus [toraidhean](#) - a shealltainn, nithean nach eil air an taisbeanadh gu h-àbhaisteach.

Arc-eòlas

Tha [an t-Seirbheis Arc-Eòlais](#) air fàs suas gu luath ris an t-suidheachadh èiginneach a th' againn le Covid-19 gus dèanamh cinnteach gu bheil leantainneachd sàbhailte ann dha na tha an t-seirbheis a' tairgsinn. Ged a b'fheudar atharrachadh cuid de na bhathar an dùil a dhèanamh a thaobh leasachadh, tha Kevin fhathast comasach air iarrtasan planaidh a fhreagairt mar as àbhaist (a bharrachd air tadhal air làraich agus coinneamhan). Tha an t-seirbheis deiseil gu dhol an sàs còmhla ris an roinn mhalairteach aon uair 's gun tòisich gnìomhachd eaconomach a-rithist.

Tha obair a' dol air an [Western Isles Historic Environment Record \(HER\)](#) agus tha e ri fhaotainn airson iarrtasan data agus ceistean malairteach. Faodaidh sibh fhaicinn cuideachd air [Past Map](#).

Tha an t-Seirbheis Arc-Eòlais a' leantainn orra a' tairgsinn stiùireadh, taic agus fiosrachadh dhan mhòr-shluagh agus dhan roinn mhalairteach, a bharrachd air buidhnean ionadail agus buidhnean nàiseanta. Tha an t-seirbheis air cuideachadh le leantainneachd phròiseactan leasachaidh deatamach sna h-Eileanan an iar tro bhacaidhean Covid-19.

Tha An t-Seirbheis Arc-Eòlais cuideachd a' leantainn orra a' toirt taic dhan [Scottish Islands Research Framework for Archaeology \(SIRFA\)](#) agus an [Uist Virtual Archaeology Project](#), ann an co-bhann ri UHI LCC, dà chùis a tha gu buannachd sunnd sòisealta agus eaconomach nan Eilean Siar.

Taighean-Tasgaidh agus Sunnd

Tha pròiseact sunnd coimhearsnachd air a bheil [Highlands and Islands Connections](#) aig [Support in Mind Scotland](#), a tha ag obair gu daoine a tha fo bhuidh slàinte inntinn a chuideachadh. Tha Uibhist agus Beinn na Faoghla am measg nan sgìrean pìleat, le fòcas air ceangail eadar bhuidhnean a tha ann cheana a leasachadh agus piseach a thoirt air conaltradh thairis air sgìrean dùthchail airson 'coimhearsnachd de choibhneas' a leasachadh.

Airson Seachdain Slàinte Inntinn sa Chèitein dh'fhoillsich iad [film](#) ùr a tha a' leantainn an sgioba fhad 's a tha iad a' dearbhadh diofar dhòighean air àiteachan a tha nas coibhneil agus nas ceangailte a chruthachadh. Tha [Museum nan Eilean](#) san fhilm chionns gu bheil sinn air a bhith a' gabhail pàirt san [app](#) ùr aca. Bidh Taighean-tasgaidh agus Tasglainn cudromach nuair a ghluaiseas sinn a-mach à lockdown chionns gum bi daoine feumach air àiteachan sàbhailte, fàilteachail, far am faod iad fois a ghabhail agus spòrs a bhith aca, gan cuideachadh gu bhith a' faireachdainn gu bheil ceangail aca agus gu faod iad pàirt a ghabhail ann am pròiseactan a bheir adhbhar dhaibh.

Taisbeanaidhean

Le mar a dhùin na dorsan aig ar dà ionad taisbeanaidh air ais am meadhan na Màirt, bhiodh mòran agaibh nach d'fhuair cothrom tadhal air an taisbeanadh siubhail aig Leabharlann Nàiseanta na h-Alba [Lifting https://www.nls.uk/exhibitions/touring-displays/lifting-the-lid](https://www.nls.uk/exhibitions/touring-displays/lifting-the-lid) the [Lid](#) a bha ri fhaicinn ann an Museum nan Eilean U&B, no an taisbeandh [Comhairle nan Leabhraichean@50](#) a bha ann am Museum nan Eilean Caisteal Leòdhais.

Airson ar taisbeanaidhean samhraidh 2020 bha sinn air a bhith a' cur air dòigh pròiseact inntinneach eadarainn fhìn agus taighean-tasgaidh [Arcaibh](#) agus [Sealtainn](#) mar phàirt de [Between Islands Project](#). Air sàillibh nam bacaidhean chan eil sinn cinnteach cuin a bhios e sàbhailte dhuinn fosgladh dhan mhòr-shluagh a-rithist agus na taisbeanaidhean sinn a shealltainn dhuibh. Tha sinn an dòchas gum bi e ro dheireadh na bliadhna is sinn a' cur nan taisbeanaidhean a bha nar dùil an dàil a-steach do 2021.

Airson coimhead air ais le meas air taisbeanaidhean a bha againn nar n-ionadan thairis air na bliadhnaichean, thoiribh sùil air an [Sianail YouTube](#) againn, far am bi sinn a' cur ris sna seachdainnean a tha air thoiseach oirnn. Ma tha sibh ag ionndrainn tadhal dh'fhaodadh sibh [taigh-tasgaidh beag](#) a dhèanabh dhuibh p'fhèin. Agus cuimhnichibh gu bheil e cudromach fiosrachadh a thional mu na tha a' tachairt an-diugh, chionns gur e sin eachdraidh na h-ama ri teachd. Cùm [bhidio no leabhar-latha sgrìobhte](#) agus tog dealbhan airson sealltainn dè tha a' tachairt aig an àm gun choimeas seo nar beatha... dh'fhaodadh e a bhith na phàirt de thaisbeanaidhean sna bliadhnaichean ri teachd.

Cumaibh uile sàbhailt agus cuiribh dìon air a' choimhearsnachd air fad!

